

## **An Litir Bheag** **le Ruairidh MacIlleathain**

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 139 (which corresponds to Litir 443). Ruairidh can be contacted at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk).

*Thèid sinn, thèid sinn thairis air an t-sruth,  
Thèid sinn, thèid sinn gu Dòrnach.  
Chì sinn na beanntaichean [a]' glèidheadh sneachd an geamhraidh,  
Chì sinn na caileagan bòidheach.*

Tha an rann, no ceathramh, sin à faisg air Dòrnach. Ach bha na daoine a' dol "thairis air an t-sruth". Tha sin a' ciallachadh gun robh iad a' fuireach air taobh thall Caolas Dhòrnaich. A bheil sibh eòlach air Dòrnach? 'S e baile beag brèagha a tha ann, ann an Cataibh.

Ach tha an ceathramh à Siorrachd Rois. Seo e a-rithist:  
*Thèid sinn, thèid sinn thairis air an t-sruth,  
Thèid sinn, thèid sinn gu Dòrnach.  
Chì sinn na beanntaichean [a]' glèidheadh sneachd an geamhraidh,  
Chì sinn na caileagan bòidheach.*

Tha an ceathramh a' tighinn bho na bailtean ann am Machair Rois. Is iad sin na bailtean beaga air a bheil na *Seaboard Villages* ann am Beurla – Seannduaig, Baile an Todhair agus Baile a' Chnuic. 'S e bailtean iasgaich a bha annta. Bha a' Ghàidhlig fhathast beò anns na bailtean sin gu o chionn ghoirid.

Rinn an t-Ollamh Seòsamh Watson à Baile Àtha Cliath obair air Gàidhlig agus beul-aithris na sgìre. Sgrìobh e leabhar mu dheidhinn. 'S e tiotal an leabhair *Saoghal Bana-mharaiche: Cunntas Beul-aithris mu Bheatha Muinntir an Iasgaich ann am Machair Rois*. 'S e leabhar inntinneach a tha ann.

B' i a' bhana-mharaiche san tiotal Isbeil Anna (bean Uilleim MhicAonghais), nach maireann. Bha i a' fuireach ann am Baile a' Chnuic. Thachair Seòsamh rithe an toiseach o chionn ceathrad bliadhna. Chaochail i ann an naoi ceud deug is ochdad (1980). Bha i naochad 's a h-aon (91) bliadhna a dh'aois.

Chan eil duine beò an-diugh ann am Baile a' Chnuic, Baile an Todhair no Seannduaig, a bhuineas don àite, agus a tha fileanta ann an Gàidhlig. Ach tha nighean aig Isbeil Anna fhathast beò. 'S e Doilidh an t-ainm a tha oirre. Agus, mar a chì sinn an ath-sheachdain, tha ise a' cumail beul-aithris na sgìre beò.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** thèid sinn thairis air an t-sruth: *we'll go over the current [ie across the firth]*; thèid sinn gu Dòrnach: *we'll go to Dornoch*; chì sinn na beanntaichean: *we'll see the mountains [standard form is beanntan]*; [a]’ glèidheadh sneachd an geamhraidh: *retaining the winter snow [standard form would be a’ gheamhraidh]*; na caileagan bòidheach: *the beautiful girls*; ceathramh: *quatrain*; air taobh thall Caolas Dhòrnaich: *on the other side of the Dornoch Firth*; Cataibh: *Sutherland*; tha an ceathramh à Siorrachd Rois; *the quatrain is from Ross-shire*; Machair Rois: *the flat country of Easter Ross*; Seannduaig, Baile an Todhair agus Baile a’ Chnuic: *Shandwick, Balintore and Hilton*; ’s e bailtean iasgaich a bha annta: *they were fishing villages*; gu o chionn ghoirid: *until recently*; an t-Ollamh Seòsamh Watson à Baile Àtha Cliath: *Professor Joe Watson from Dublin*; Saoghal Bana-mharaiche: *the life/world of a fisherwoman*; Cunntas Beul-aithris mu Bheatha Muinntir an Iasgaich: *an account from oral tradition of the life of the fisherfolk*; ’s e leabhar inntinneach a tha ann: *it's an interesting book*; bean: *wife*; nach maireann: *deceased*; thachair Seòsamh rithe an toiseach o chionn ceathrad bliadhna: *Joe first met her forty years ago*; chaochail i: *she died*; bliadhna a dh’aois: *years of age*; a bhuineas don àite, agus a tha fileanta ann an Gàidhlig: *who belongs to the place and who is fluent in Gaelic*; nighean: *daughter*; ’s e Doilidh an t-ainm a tha oirre: *her name is Dolly*.

ends